

# An Oitir Sheunta an Ear

Roinn Dion Mara shealadach



Grunnd-mara cruthaichte le sruthan-deighe


# An Oitir Sheunta an Ear

Roinn Dìon Mara shealadach

'S e linne fharsaing a th' anns a' Chuan Sgìth eadar Innse Gall agus tìr-mòr. A rèir nan ùirsgeulan, bhiodh na Fir Ghorma a' cur eagail air na maraichean fad iomadh linn an seo. Cha bhiodh ùine aig seòladairean is iad a' strì an aghaidh sìde na mara airson tlachd fhaighinn às na bha beò fòdhpa air grunnd a' chuain.



Tha an Oitir Sheunta an Ear, ann am meadhan a' Chuain Sgìth, air ainmeachadh mar Roinn Dìon Mara shealadach (RDMs) airson iomadachd àrainneachd na mara a chaidh àrachadh an seo fad deich mile bliadhna a dhion. Tha an àrainn iom-fhillte fon muhir mu thimcheall na h-oitir mar dhileab on linn deighe mu dheireadh, nuair a leagh an leac deighe a chòmhdaich a' mhòr chuid de dh'Alba.



Suidheachadh: 57° 59.536' N 6° 02.962' W

Meud: 308 km<sup>2</sup>



## Sgairp mara nan geàrr-bhioran air a' ghainmheach air grunnd na mara

### Feartan Dion Sealadach

#### Bith-iomadachd

Gainmheach *circalittoral* agus grùidean measgaichte, buidhnean sgàileagan mara is spongan, oitirean sgeilp agus meallan.

#### Geo-iomadachd

*Quaternary* na h-Alba.

#### Amasan Glèidhidh

Tha e fa-near gun tèid na feartan seo a ghlèidheadh airson cur ris an lion RDA san fhad-ùine.

Bidh sruthan làidir an t-siùil-mhara a' cruthachadh phàtranan de ghainmheach agus grùidean measgaichte anns a bheil boiteagan mara, creachainn, crosgagan brisg, crùbagan agus crosgagan beò. Tha sgeilpean fosgalite de chreagan bholcanach nas cruidhe nan àrainnean àrd airson bheathaichean a tha a' sioladh an cuid bidhe a leithid sgàileagan mara agus spongan a tha a' tighinn beò anns na h-uisgeachan beairteach.

Tha na h-oitirean agus meallan mi-riaghailteach ag adhbharachadh shruthan làidir a bhios a' tarraing uisce fionnar, beairteach a-níos is ga mheasgachadh leis an t-sàl staoin a tha nas blàithe. Tha am maistreadh seo a' meudachadh nan cothroman bidhe a tha a' tarraing iasg beaga agus chrùbagan a bhios an uair sin a' tàladh shealgairean mòra a leithid mhucan-mara, leumadairean, pheileagan, ròin agus eòin-mhara don cheàrnaidh seo.

Tha grunnd na mara anns an RDMs còmhdaichte le sgròban mòra a rinn na sruthan-deighe a thòisich air tir-mòr agus a bhleith gleanntan Loch a' Bhraoin agus an Locha Bhig air an slighe gu ionall sgeilp na mòr-thir. Tha an taisbeanadh àraigde phròiseasan deighe agus geòlas a tha ri fhaicinn anns an sgìre seo, an dà chuid os cionn nan tonn 's fodhpa, air leth cudromach gu h-eadar-nàiseanta.

# A' cur freagairt agus an tuilleadh fiosrachaидh

Cleachd am portal co-chomhairleachaidh aig Riaghaltas na h-Alba airson a' cho-chomhairle seo a fhreagairt: [www.consult.gov.scot/marine-scotland/four-new-marine-protected-areas](http://www.consult.gov.scot/marine-scotland/four-new-marine-protected-areas)

Mur an urrainn dhut am foirm air loidhne a chleachdadadh, cuir freagairt mar a leanas:

Air post-d: [marine\\_conservation@gov.scot](mailto:marine_conservation@gov.scot)

No tron phost: pMPA Consultation, Scottish Government,  
Marine Planning and Policy Division,  
Area 1-A South, Victoria Quay,  
Edinburgh EH6 6QQ

Airson an tuilleadh fios air co-chomhairle Roinnean Dion Mara 2019  
agus Roinn Dion Mara shealadach Oitir Sheunta an Ear thoiri sùil air:  
[www.nature.scot/2019-possible-nature-conservation-marine-protected-areas-consultation](http://www.nature.scot/2019-possible-nature-conservation-marine-protected-areas-consultation)

Sgàileagan mara a tuath air sgeilp eabair



© SNH



Scottish Natural Heritage  
Dualchas Nàdair na h-Alba  
**nature.scot**



Scottish Government  
Riaghaltas na h-Alba  
[gov.scot](http://gov.scot)

**marine scotland**